



HISTORIC  
ENVIRONMENT  
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD  
EACHDRAIDHEIL  
ALBA

## Co-chomhairleachadh Plana Gàidhlig 2023-2026: Geàrr-iomradh

### Dh'fhaighnich sinn

Bho 8 Màrt gu 19 Giblean 2023, bha Àrainneachd Eachdraidheil Alba (HES) a' sireadh bheachdan mun dreach *Plana Gàidhlig 2023-2026*.

Tha ar plana a' mìneachadh mar a tha sinn an dùil cleachdadh, ionnsachadh agus adhartachadh na Gàidhlig a mheudachadh tro obair a' bhuidhinn againn, agus iadsan ris a bheil sinn a' cur taic agus leis a bheil sinn ag obair ann an compàirteachas.

Mar bhuidheann poblach, tha againn ri Plana Gàidhlig a dheasachadh agus a riochdachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

### Thuir sibhse

Fhuair sinn iomlan de 33 freagairtean: 1 bho oilthigh, 2 bho bhuidhnean agus 30 bho dhaoine fa leth. Bha seo a' gabhail a-steach 5 freagairtean ann an Gàidhlig agus 28 freagairtean ann am Beurla.

Bha 75% den luchd-freagairt ag aontachadh gu làidir no ag aontachadh leis na deich amasan àrd-ìreil a tha mìnichte san dreach Plana Gàidhlig.

Bha 82% den luchd-freagairt den bheachd gu bheil ar dreach Plana Gàidhlig a' dèanamh gu leòr airson cuideachadh le cànan is cultar na Gàidhlig a dhìon agus adhartachadh.

Fhreagair 17 a-mach à 33 den luchd-freagairt a' cheist 'Dè a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig a' Phlana Ghàidhlig againn air daoine ann an coimhearsnachdan nan eilean?' Bha mòr-chuid àibheiseach de luchd-freagairt den bheachd gum bi buaidh dhearbhadh aig an dreach Plana Gàidhlig againn air daoine ann an coimhearsnachdan nan eilean.

Am measg nam buaidhean dearbhach, tha:

- Cruthachadh chothroman do na coimhearsnachdan sin co-cheangailte ri foghlam, cosnadh agus gnìomhachdan cleasachail.
- Taisbeanadh luach don chànan is don chultar ann am mòran choimhearsnachdan eileanach.
- Brosnachadh cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig.
- Nèartach dearbh-aithne nan coimhearsnachdan sin agus pròis nan dualchas.

Thugadh beachdan cuideachd air ar tuigse do na coimhearsnachdan eileanach sin a leasachadh agus nach eil àireamh mhòr de luchd-labhairt na Gàidhlig anns na coimhearsnachdan eileanach uile.

## Rinn sinn

Chaidh trì atharrachaidhean a dhèanamh air an dreach Plana Gàidhlig mar thoradh air beachdan a fhuair tron cho-chomhairleachadh:

1. Shònraich sinn an àireamh de làraichean le soidhneachd eadar-mhìneachaidh mar-thà anns a bheil eileamaidean Gàidhlig no a tha dà-chànanach.
2. Leudaich sinn an earrann ‘Soidhneachd’ san Amas Seirbheis Chorporra gu soidhneachd co-cheangailte ri eadar-mhìneachadh a ghabhail a-steach ann, a thuilleadh air soidhneachd co-cheangailte ri togalaichean oifis.
3. Fo earrann cleachdadh làithreach de na h-Amasan Seirbheis Chorporra co-cheangailte ri ‘Fiosrachadh’, chaidh eisimpleirean de chruthan eadar-mhìneachaidh a chur ris.

Chaidh freagairtean don cheist ‘Dè a’ bhuidh a dh’fhaodadh a bhith aig ar Plana Gàidhlig air daoine ann an coimhearsnachdan nan eilean?’ a chleachdadh gus ar Measadh Buidh air Coimhearsnachdan fhiosrachadh, a gheibhear air an làraich-lìn againn taobh ri taobh le ar Plana Gàidhlig 2023-2026.

Tha am Plana Gàidhlig 2023-2026 a-nis ri fhaotainn air an làraich-lìn againn.